



Leasachadh Sgioba-obrach Òg na h-Alba

Inbhe Ghreisean-gnìomhachais

Sultain 2015

Tha an inbhe mothachail air an ionnsachadh bhrìoghmhor a gheibh daoine òga nuair a chleachdas agus a leasaicheas iad an cuid sgilean ann an àrainneachd obrach. Tha e a' mothachadh gum bu chòir greis-gnìomhachais neach òg a chuideachadh gus roghainnean fiosrach a dhèanamh mu slighe dreuchd. Tha an inbhe a' sònrachadh na tha ga shùileachadh bhon neach òg, bhon neach-fastaidh, bhon sgoil agus bhon ùghdarras ionadail, agus bhon phàrant/neach-cùraim, ro, rè agus às dèidh greis-gnìomhachais. Far a bheil an inbhe ga cur an gnìomh, bheir i piseach susbainteach air càileachd an ionnsachaidh a thachras san àite-obrach.

Faodar an sgrìobhainn seo a luchdachadh a-nuas bho làrach-lìn Foghlam Alba [https://education.gov.scot/scottish-education-system/policy-for-scottish-education/policy-drivers/Developing%20the%20Young%20Workforce%20\(DYW\)](https://education.gov.scot/scottish-education-system/policy-for-scottish-education/policy-drivers/Developing%20the%20Young%20Workforce%20(DYW))

Tha an inbhe seo mar phàirt de chruinneachadh sgrìobhainnean sam faighear:

- Inbhe Foghlam Dhreuchdan (3-18) (Sultain 2015)
- Stiùireadh air Com-pàirteachasan Sgoile/Luchd-fastaidh (Sultain 2015)

Thèid ath-bhreithneachadh a dhèanamh air na sgrìobhainnean seo sa Mhàrt 2017 a rèir eòlas is cleachdadh.

Clàr-innse

Ro-ràdh	2
Co-theacsa agus Mìneachadh	3
Dùilean	7
Neach òg	8
Neach-fastaidh	10
Pàrant/Neach-cùraim	12
Sgoil agus Ùghdarras Ionadail	14
Stiùireadh agus Taic	16
Eàrr-ràdh: Eachdraidh Greisean-gnìomhachais	17
Beag-fhaclair de theirmean	20
Loidhne-tìde	21

Ro-ràdh

Chaidh Coimisean Leasachaidh Sgioba-obrach Òg na h-Alba a stèidheachadh gus beachdachadh air:

- mar a leasaichear sàr shiostam foghlaim is trèanaidh dreuchdail aig ìre eadar-mheadhanach, a tha a' co-fhreagradh ris an t-siostam àrd-fhoghlam barraichte againn, gus fàs eaconamach seasmhach a neartachadh le sgioba-obrach sgileil;
- mar a ghabhas ceangal is co-obrachadh eadar foghlam is saoghal na h-obrach a leasachadh gus dèanamh cinnteach gu bheil òigridh aig gach ìre foghlaim a' tuigsinn na tha luchd-fastaidh a' sùileachadh bhuapa, agus gu bheil luchd-fastaidh a' gabhail làn phàirt; agus
- mar a ghabhas cultar de dh'fhìor chom-pàirteachas a thoirt gu buil eadar luchd-fastaidh agus foghlam, far a bheil luchd-fastaidh gam faicinn fhèin mar cho-luchd-tasgaidh is co-luchd-dealbhadh seach dìreach mar luchd-cleachdaidh.

Dh'fhoillsich an Coimisean an aithisg dheireannach aca, *Foghlam Ag Obair do na h-Uile!* san Ògmhios 2014 agus, gus clann agus òigridh a dheasachadh nas fheàrr airson saoghal na h-obrach, mhol iad na leanas:



Bu chòir inbhe ùr a stèidheachadh a thaobh susbaint agus càileachd eòlas-obrach iomchaidh, agus bu chòir stiùireadh a bhith ri fhaotainn do luchd-fastaidh. Bu chòir seo a leasachadh le Foghlam Alba ann an com-pàirteachas le buidhnean fastaidh agus Leasachadh Sgilean na h-Alba. Bu chòir do dhaoine òga a bhith an lùib a' phròiseis seo. Bu chòir eòlas-obrach a bhith ann an Inneal Ìre-tomhais nam Bliadhnaichean as Sine agus ann an sgrùdaidhean sgoile Foghlam Alba.

(Moladh 3, Foghlam Ag Obair do na h-Uile, Aithisg Dheireannach Coimisean Leasachaidh Sgioba-obrach Òg na h-Alba, 2014)



Chaidh [Leasachadh Sgioba-obrach Òg na h-Alba – Ro-innleachd Obrach Òigridh na h-Alba](#) fhoillseachadh san Dùbhlachd 2014. Is e an ro-innleachd agus am plana gnìomhachaidh seo freagairt an Riaghaltais do [Fhoghlam Ag Obair do na h-Uile!](#) a tha a' suidheachadh chlachan-mìle thairis air seachd bliadhna airson cinn-uidhe nas fheàrr a thoirt do dhaoine òga air fad ro 2021. Ghabh seo a-steach gealladh airson inbhe ùr a leasachadh airson eòlas-obrach ann an 2015-16.

Tha *Inbhe Ghreisean-gnìomhachais* mar aon de shreath de thrì sgrìobhainnean còmhla ri *Inbhe airson Foghlam Dhreuchdan (3-18)* agus *Stiùireadh air Com-pàirteachasan Sgoile/Luchd-fastaidh*, agus bu chòir fhaicinn mar shoilleireachadh air sùileachadh, agus na thaic agus stiùireadh cuideachail. Tha an inbhe air a thogail air a' chomhairle agus an stiùireadh coileanta a tha ri fhaighinn anns a' Churraicealam airson Sàr-mhathais (CfE) agus air feadh an t-sreath *Togail a' Churraicealaim*. Tha ceangal air leth làidir ann ris na prìomh theachdaireachdan ann an [Togail a' Churraicealaim 4: sgilean ionnsachaidh, sgilean beatha agus sgilean obrach](#)

Co-theacsa agus mìneachadh

Riamh bho thàinig Achd an Fhoghlaim (Alba) 1980 ann an gnìomh, tha eòlas-obrach air a bhith ga thuigsinn mar shuidheachadh-obrach fad-seachdaine a nithear ann am bliadhna 4 san àrd-sgoil ann an com-pàirteachas ri fastaiche. Thar ùine, tha 'eòlas-obrach' air tighinn gu bhith a' ciallachadh seachdain a-mhàin de dh'eòlas air àite-obrach. Ach, thathas a-nis den bheachd nach eil, ann an co-theacsa a' Churraicealaim airson Sàr-mhathais agus Leasachadh an Sgioba-obrach Òg, aon chothrom a-mhàin gu leòr airson tuigse bhrìoghmhor a libhrigeadh air saoghal na h-obrach. Bha leasachadh na tairgse seo na phrìomhachas leis an òigridh a fhreagair a' cho-chomhairle a rinn Coimisean Leasachaidh Sgioba-obrach Òg na h-Alba.

Tha e cudromach aithneachadh gu bheil an inbhe seo a' toirt iomradh an còmhnaidh air **greisean-gnìomhachais** seach 'eòlas-obrach'. Tha an t-atharrachadh briathrachais seo a' nochdadh gluasad gu dòigh-obrach a tha nas pearsanta agus nas sùbailte, le sùileachadh air a shònrachadh ro, rè agus às dèidh greis-gnìomhachais agus fòcas nas làidire air ionnsachadh stèidhichte air pròiseact anns an àite-obrach. Gheibh daoine òga eòlas air saoghal na h-obrach tro raon ghnìomhan air feadh an fhoghlaim fharsaing choitcheann aca, a' leantainn gu eòlas nas cuimsichte air obair aig an ìre as sine ann an greisean-gnìomhachais.

Mìneachadh

Bu chòir do ghreisean-gnìomhachais cothrom a thoirt do dhaoine òga ionnsachadh buntainneach, dùbhlanaich, tlachdmhor agus iomchaidh fhaighinn ann an àite-obrach an latha an-diugh. Bu chòir greis-gnìomhachais an neach òg a chuideachadh gus co-dhùnaidhean fiosraichte a dhèanamh mu na dreuchdan aca san àm ri teachd.

Bu chòir do ghreisean-gnìomhachais cumail ri sùileachadh soilleir do dhaoine òga, fastaichean, pàrantan/luchd-cùraim, sgoiltean agus ùghdarrasan ionadail air dè bu chòir do ghreisean-gnìomhachais a thoirt seachad. Thèid an inbhe cuideachd a chleachdadh anns a' phròiseas sgrùdaidh airson sgoiltean.

Tha an inbhe a' stèidheachadh na tha ga shùileachadh bho na prìomh dhaoine is bhuidhnean an sàs ann an greisean-gnìomhachais, sin an neach òg, an neach-fastaidh, am pàrant/neach-cùraim, an sgoil agus an t-ùghdarras ionadail, a' mìneachadh na thathar a' sùileachadh ro, rè agus às dèidh greis-gnìomhachais. Tha an inbhe ag amas air àrdachadh a thoirt air càileachd an ionnsachaidh a dh'fhaodas greis-gnìomhachais a thairgse agus a h-uile duine a tha an sàs ann a bhrosnachadh.

Aig an àm seo tha grunn dhòighean ann san urrainn daoine òga sgilean a leasachadh airson obair bho 3-18. Tha an liosta a leanas a' comharrachadh cuid de na cothroman sin:

- Ionnsachadh ann an àrainneachd-obrach samhlaichte
- Gnìomhan iomairt
- Agallamhan mas fhìor
- Tachartasan dreuchdail
- Gnìomhan rannsachaidh
- Taisbeanaidhean luchd-fastaidh
- Tadhal air àiteachan-obrach
- Gnìomhan anailis air sgilean pearsanta
- Gnìomhan greis-gnìomhachais.

Tha an inbhe a' togail air na sgilean, air an eòlas agus air na comasan a bhios daoine òga ag ionnsachadh agus a' leasachadh air feadh an fhoghlaim fharsaing choitcheinn aca agus san ìre as sine, agus a' tabhann cothrom airson barrachd ionnsachaidh nas cuimsichte a bhuineas ri obair. Bu chòir a chleachdadh còmhla ris an Inbhe Foghlam Dhreuchdan (3-18).

Buinidh an inbhe ri greisean-gnìomhachais a h-uile neach òig, agus bu chòir dha taic a thoirt dhaibh gus meòrachadh air, agus taghadh, slighean dreuchdail san àm ri teachd. Feumar beachdachadh air caochladh farsaing de mhodailean gus dèanamh cinnteach gun tèid dòigh-obrach a tha sònraichte do gach neach fa leth a thoirt gu buil. Tha seo a' dol bho bhith a' solarachadh grunn ghreisean-gnìomhachais goirid gu greis-gnìomhachais leudaichte. Faodaidh iad sin tachairt taobh a-staigh seachdain sgoile àbhaisteach no taobh a-muigh na sgoile mar a bhios iomchaidh.

Am measg eisimpleirean de mhodailean a thathas a' cleachdadh an-dràsta, tha:

- iomadh greis-gnìomhachais mar inntrigedh don àite-obrach (fad leth-latha, no latha a-mhàin, le cothrom airson eòlas air an àite-obrach a leudachadh thar ùine);
- cothrom pàirt a ghabhail ann an greisean-gnìomhachais aig àm stèidhichte gach seachdain sgoile, airson ùine cho-aontaichte;
- inntrigedh fad-seachdain de dh'eòlas air an àite-obrach, le cothroman a bharrachd às dèidh sin; agus
- greisean-gnìomhachais taobh a-muigh uairean na sgoile (ann an làithean-saora na sgoile m.e. modail inntearnais).

Bu chòir do neach òg sam bith a tha a' leantainn slighe dhreuchdail mar phàirt den churraicealam nam bliadhnaichean as sine a bhith a' faighinn greis(ean)-gníomhachais ceangailte gu dlùth ris an dreuchd a tha iad air taghadh. Mar eisimpleir, bu chòir do neach òg a tha a' dèanamh HNC ann an Innleadaireachd greis-gníomhachais iomchaidh fhaighinn ann an suidheachadh einnseanaireachd. Bu chòir greisean-gníomhachais a bhith air an dealbhadh a rèir a' chùrsa shònraichte a thathar ag ionnsachadh, agus eileamaidean eile den t-slighe dreuchd, gus eòlas iomlan an neach-ionnsachaidh a neartachadh. Dh'fhaodte gum feumar greis-gníomhachais a bhith de dh'fhaid shònraichte gus coinneachadh ri riatanasan teisteanas sònraichte; ach mura feum, bu chòir dha tachairt aig àm agus a bhith de dh'ùine a bheir buannachd dhan neach-ionnsachaidh.

Is ann air sgoil no ùghdarras ionadail an neach òig a bhios uallach airson greis-gníomhachais a chur air dòigh, agus bidh iad ag obair gu dlùth le com-pàirtiche na colaiste, solaraiche trèanaidh no buidheann treas-roinne gus cothrom freagarrach a chomharrachadh agus an neach òg ullachadh air a shon.

Bu chòir do chom-pàirtichean taic a thoirt don neach òg còmhla an dèidh greis-gníomhachais gus an t-eòlas a chleachdadh mar bhunait airson tuilleadh ionnsachaidh agus leasachadh sgilean.





Dùilean

Dùilean

Tha na thathas a' sùileachadh airson ghreisean-gnìomhachais – romhpa, air am feadh agus às an dèidh – gan sònrachadh an seo airson nam buidhnean a leanas:

- daoine òga
- luchd-fastaidh
- pàrantan is luchd-cùraim
- ùghdarrasan ionadail is sgoiltean.

Co-ionannachd

Bidh e an urra ri gach com-pàirtiche dèiligeadh ri cùisean co-ionannachd. Ged a tha an inbhe seo air a chur an cèill mar chòir choitcheann do dhaoine òga gus eòlas fhaighinn air obair, feumaidh e a bhith soilleir nach eil na h-aon chothroman beatha aig a h-uile neach òg, agus nach eil iad uile a' strì ris na h-aon dùbhlain. Chan fhaod na suidheachaidhean no an eachdraidh aca a bhith riamh a' cuingealachadh a' chomais aca, agus feuchaidh gach com-pàirtiche ri cleachdadh a leasachadh a nì cinnteach gum bi builean nas fheàrr ann do dhaoine òga air fad.

Bu chòir don luchd-ùidhe uile a tha an sàs ann an greis-gnìomhachais sam bith comhairle, stiùireadh agus cothroman a thoirt seachad a chuidicheas le bhith:

- a' cur às do lethbhreith; agus
- a' brosnachadh spèis cho-ionnan agus co-ionannachd chothroman thar chinnidhean. eachdraidh shòisealta, ciorramachd, gnè feise agus creideamh.

Neach Òg

Ro ghreis-gnìomhachais:

- gheibh mi àm airson greisean-gnìomhachais a dhèanamh a tha freagarrach dhomh fhìn, don fhastaiche agus don sgoil agam;
- gheibh mi taic sa ghreis-gnìomhachais a bhios mothachail air dùbhlán sam bith a dh'fhaodadh coinneachadh rium a thaobh mo mhathais chorpóra, sòisealta agus faireachdainn agus feumalachdan taice sònraichte sam bith;
- aontaichidh mi dè cho fada 's a bhios a' ghreis-gnìomhachais leis an fhastaiche agam, leis an sgoil agus le mo phàrant/neach-cùraim. Bidh an t-aonta seo sùbailte agus am faigh mi a' bhuannachd as motha bhon eòlas;
- gabhaidh mi uallach orm fhìn airson na greis-gnìomhachais agus gheibh mi cothrom beachdachadh a bheil e freagarrach don ionnsachadh agam agus don mhiann agam airson dreuchd, agus do na feartan is comasan agam, agus gheibh mi cothrom roghainn eile fhaighinn ma tha sin iomchaidh;
- aontaichidh mi leis an sgoil agus an neach-fastaidh agam dè na h-amasan a tha mi airson coileanadh rè na greis-gnìomhachais;
- tuigidh mi cumhaichean na greis-gnìomhachais a thaobh dè cho fada 's a bhios e, na bhios am fastaiche agus an t-àite-obrach a' sùileachadh bhuam, cho math ri riaghailtean èididh agus giùlain. Gheibh mi am fiosrachadh seo bhon sgoil/ùghdarras ionadail agus bhon rannsachadh agam fhìn. Bidh mi eòlach cuideachd air cò am prìomh neach air an cuir mi fios aig a' bhuidhinn-fastaidh; agus
- gabhaidh mi a h-uile cothrom, tron phrìomh neach-ceangail aig a' bhuidhinn-fastaidh, agus tron sgoil, mus tòisich mi sa ghreis-gnìomhachais, eòlas fhaighinn air cunnartan sam bith a dh'fhaodadh èirigh fhad 's a bhios mi ann.

Rè greis-gnìomhachais:

- coileanaidh mi mo phlana-ionnsachaidh àite-obrach agus bidh mi ag obair gus na h-amasan is targaidean a dh'aontaich mi a ruigsinn;
- nochdaidh mi an giùlan agus dòigh-smaoineachadh ris am biodh an neach-fastaidh agam an dùil bho shàr neach-obrach;
- leanaidh mi an trèanadh agus stiùireadh a bheir mo neach-fastaidh dhomh agus caithidh mi PPE sam bith a gheibh mi <http://www.hse.gov.uk/youngpeople/workexperience/students-and-young-people.htm>;
- nì mi làn fheum de na cothroman a gheibh mi gus na sgilean agam a leasachadh, eòlas fhaighinn agus dòigh-smaoineachaidh for-ghnìomhach altram; agus
- meòraichidh mi air an taic a bheir mo neach-fastaidh, agus com-pàirtichean eile, dhomh gus atharrachadh a thoirt air a' chom-pàirteachadh agam.

Às dèidh gheis-gnìomhachais:

- meòraichidh mi air an ionnsachadh agam fhad 's a leanas mi orm leis an fhoghlam agam – a' cleachdadh an eòlais a fhuair mi sa ghreis-gnìomhachais gus piseach a thoirt air an ionnsachadh agam;
- meòraichidh mi air beachd an neach-fastaidh orm, clàraidh mi e nam phlana-ionnsachaidh àite-obrach agus aontaichidh mi gnìomhan leasachaidh leis an sgoil agam agus pàrant/neach-cùraim;
- cuiridh mi fiosrachadh buntainneach sam bith mun ghreis-gnìomhachais ris a' chunntas-beatha agam agus (ma tha e iomchaidh) ris an tuairisgeul mheadhanan sòisealta agam;
- roinnidh mi an t-eòlas agam mun ghreis-gnìomhachais le luchd-obrach na sgoile agus sgoilearan eile, a' comharrachadh nan sgilean a thog mi agus na cothroman a fhuair mi taobh a-staigh co-theacsa na h-obrach shònraichte agam; agus
- gabhaidh mi pàirt ann an suirbhidh dearbhadh càileachd air a' ghreis-gnìomhachais agam gus buaidh a thoirt air poileasaidh ionadail a thaobh ghreisean-gnìomhachais.



Luchd-fastaidh



Chuir sinn suidheachaidhean-ionnsachaidh pearsanta le comhairliche gnìomhachais air dòigh an àite eòlas-obrach. Tha e ag obair gu math – thug sinn greis-gnìomhachais phearsanta do dheichnear an-uiridh agus lean iad uile air adhart do obair sa bhuidhinn. Tha seo air leth eadar-dhealaichte bhon bheagan soirbheachaidh a bh' againn le eòlas-obrach. Neach-fastaidh sna Meadhanan



Ro ghreis-gnìomhachais:

- bidh sinn a' co-obrachadh leis an ùghdarras ionadail agus/no an sgoil agus a' Bhuidheann DYW Roinneil iomchaidh gus ar cothroman a chur air adhart;
- nì sinn cinnteach gu bheil smachd ga chumail air cunnartan mus tòisich a' ghreis-gnìomhachais: <http://www.hse.gov.uk/youngpeople/workexperience/index.htm>;
- nì sinn cinnteach gun tachair a' ghreis-gnìomhachais aig àm a bhios freagarrach dhuinn fhìn agus don sgoil agus an neach òg;
- ainmichidh sinn prìomh luchd-obrach sa bhuidhinn againn a bheir taic don neach òg sa ghreis-gnìomhachais againn;
- bidh fios againn cò an neach-ceangail aig an sgoil/ùghdarras ionadail a bheir taic don neach òg;
- gheibh sinn, agus beachdaichidh sinn air, fiosrachadh sam bith a bhuineas ri aois is ìre an neach òig a bhios sa ghreis-gnìomhachais againn (a' gèilleadh ri riatanasan Dìon Dàta) còmhla ris a' mhiann dreuchd aca, na h-ùidhean sònraichte aca, agus na sgilean aca a bharrachd air feumalachdan taice sònraichte sam bith; agus
- bidh sinn air targaidean aontachadh leis an sgoil agus an neach òg airson a' phlana-ionnsachaidh àite-obrach aca agus tòisichidh sinn a' toirt inntrigeadh don neach òg don bhuidhinn againn.

Rè greis-gnìomhachais:

- bheir sinn taic don neach òg le trèanadh is stiùireadh freagarrach, a' gabhail a-steach fiosrachadh air slàinte is sàbhailteachd, gus an urrainn dhaibh gnìomhan riatanach a dhèanamh agus raointean sa bheil ùidh shònraichte aca a sgrùdadh, mar a dhèanadh sinn le neach-obrach ùr sam bith;
- bheir sinn beachdan air ais don neach òg ann an dòigh leantail each;
- bidh sinn a' tairgse eòlas beairteach, eadar-dhealaichte a leigeas leis an neach òg cultar agus cleachdadh ar buidhne a thuigsinn, agus sgilean practaigeach a leasachadh, fhad 's a nì iad gnìomhan brìoghmhor;
- bheir sinn fa-near eòlas is sgilean an neach òig, am beachdan air a' bhuidhinn againn a thaobh ar feallsanachd agus an dòigh sam bi sinn ag obair; agus
- iarraidh sinn air an neach òg dòighean a mholadh sam b' urrainn dhuinn na greisean-gnìomhachais againn a dhèanamh nas fheàrr.

Às dèidh greis-gnìomhachais:

- bheir sinn ar beachdan seachad don sgoil agus an neach òg air coileanadh an neach òig a thaobh nan amasan/targaidean pearsanta aca;
- gabhaidh sinn, agus meòraichidh sinn air, beachdan an neach òig agus na sgoile mun ghreis-gnìomhachais agus an t-eòlas; agus,
- gabhaidh sinn pàirt ann an suirbhidh dearbhadh càileachd air a' ghreis-gnìomhachais gus buaidh a thoirt air poileasaidh ionadail a thaobh ghreisean-gnìomhachais.



Pàrant/Neach-cùraim

Ro greis-gnìomhachais:

- thèid iarraidh orm cead a thoirt seachad gus an gabh an leanabh agam pàirt ann an greis-gnìomhachais a bhios a' toirt fa-near am mathas corpora, sòisealta agus faireachdainn agus feumalachdan taice sònraichte sam bith;
- bidh làn fhios agam cò a' bhuidheann a tha a' tabhann greis-gnìomhachais, dè cho fada 's a bhios e agus càite am bi e;
- bidh mi eòlach air adhbhar na greis-gnìomhachais agus dè bu chòir do mo leanabh sùileachadh às;
- aontaichidh mi leis an neach-fastaidh agus an sgoil gum bi a' ghreis-gnìomhachais den fhaide a bheir an t-eòlas as fheàrr don leanabh agam;
- nì mi conaltradh, nuair a tha e iomchaidh, leis an neach-ceangail aig an sgoil a tha a' cumail sùil air greis-gnìomhachais mo leanaibh; agus
- bidh mi mothachail air amasan agus targaidean mo leanaibh a thaobh na greis-gnìomhachais.



Rè greis-gnìomhachais

- bheir mi taic don leanabh agam gus a' ghreis-gnìomhachais a choileanadh agus broснаichidh mi an dealas aca;
- broснаichidh mi an leanabh agam a bhith a' smaoineachadh nas fhaide na a' gnìomh shònraichte sa bheil iad an sàs gus am faigh iad tuigse nas farsainge air dè tha 'obair' a' ciallachadh dhaibhsan; agus
- bidh ùidh agam san eòlas a tha iad a' faighinn agus bruidhnidh mi riutha ma dheidhinn.

Às dèidh greis-gnìomhachais:

- cuidichidh mi mo leanabh gus meòrachadh air a' phlana-ionnsachaidh àite-obrach aca agus beachdan a gheibh iad bhon neach-fastaidh;
- broснаichidh mi mo leanabh a bhith a' cleachdadh an eòlais a gheibh iad sa ghreis-gnìomhachais gus beachdachadh air dè tha iad ag iarraidh a dhèanamh san àm ri teachd, ciamar a gheibh iad ann agus na sgilean a tha a dhìth airson obair fhaighinn; agus
- gabhaidh mi pàirt ann an suirbhidh dearbhadh càileachd air a' ghreis-gnìomhachais gus buaidh a thoirt air poileasaidh ionadail a thaobh ghreisean-gnìomhachais.



Bu chòir do ghreisean-gnìomhachais a bhith practaigeach, gnìomhach, agus a' buntainn ri miann airson dreuchd. Pàrant Sgoileir anns am Bliadhna 6 san Àrd-sgoil



Sgoil agus ùghdarras Ionadail



Feumar sùil gheur a chumail air taghadh àm na greis-gnìomhachais gus dèanamh cinnteach gu faigh a H-UILE neach òg cothrom air greis-gnìomhachais. Àrd-sgoil



Ro ghreis-gnìomhachais:

- co-obrachaidh sinn leis a' Bhuidheann DYW Roinneil fhreagarrach gus an cothrom greis-gnìomhachais a chur air adhart;
- cumaidh sinn clàran earbsach a chumas sùil air, agus a leanas, càite agus cuin a ghabhas gach neach òg pàirt ann an greis-gnìomhachais;
- nì sinn cinnteach gum bi a' ghreis-gnìomhachais de dh'fhaid agus aig àm a bhios freagarrach don neach òg, don neach-fastaidh agus don phàrant/neach-cùraim;
- comharraichidh sinn ciamar a tha a' ghreis-gnìomhachais a' freagradh ri ionnsachadh, miann dreuchd, comas agus feartan an neach òig;
- nì sinn cinnteach gun toir sinn seachad fiosrachadh sam bith a bhuineas ri mathas corporra, sòisealta agus faireachdainn an neach òig agus feumalachdan taice sònraichte sam bith (a' gèilleadh ri riatanasan Dìon Dàta);
- nì sinn cinnteach gu bheil na h-amasan agus targaidhean air am bi an neach òg ag amas anns a' ghreis-gnìomhachais aca freagarrach agus tarbhach, agus bidh sinn a' conaltradh ris an neach-fastaidh gus an tèid seo a choileanadh;
- nì sinn cinnteach gu bheil cùisean air dòigh aig an neach-fastaidh/greis-gnìomhachais gus smachd a chumail air cunnartan slàinte agus sàbhailteachd <http://www.hse.gov.uk/youngpeople/workexperience/organiser.htm>; agus
- deasaichidh sinn òigridh airson greis-gnìomhachais a' gabhail a-steach toirt fiosrachaidh dhaibh air slàinte agus sàbhailteachd san àite-obrach agus ciamar a dhèiligear iad ri cùisean sam bith a nochdas nuair a tha iad air a' ghreis-gnìomhachais.

Rè greis-gnìomhachais:

- cumaidh sinn sùil air, agus leanaidh sinn, soirbheachadh na greis-gnìomhachais ann an co-chòrdadh leis an neach òg, pàrant/neach-cùraim agus neach-fastaidh, le sùim air nàdar an t-suidheachaidh-obrach agus dè cho fada 's a tha e, agus feumalachdan an neach òig; agus
- obraichidh sinn leis an neach òg, neach-fastaidh agus pàrant/neach-cùraim gus duilgheadasan sam bith fhuasgladh a dh'fhaodadh bacadh a chur air soirbheachadh na greis-gnìomhachais.

Às dèidh greis-gnìomhachais:

- bheir sinn taic don neach òg gus uiread ionnsachaidh 's a ghabhas fhaighinn bhon a' ghreis-gnìomhachais agus cumaidh sinn fianais sam bith bhon phlana-ionnsachaidh àite-obrach airson teisteanas buntainneach sam bith;
- nì sinn cinnteach gum faigh pròiseas barantachd càileachd greis-gnìomhachais beachdan brioghmhor air ais bhon neach òg, bhon neach-fastaidh agus bhon phàrant/neach-cùraim;
- bheir sinn beachdan don neach-fastaidh mu phàirtean sam bith den ghreis-gnìomhachais a bha gu sònraichte làidir no pàirtean a ghabhadh a leasachadh – bho shealladh an neach òig agus sealladh na sgoile;
- rannsaichidh sinn dòighean san urrainn do choimhearsnachd na sgoile uile a' bhuannachd as motha fhaighinn bhon ghreis-gnìomhachais, a' leigeil leis an neach òg cumail orra a' leasachadh an cuid sgilean gus piseach a thoirt air ionnsachadh is teagasg;
- comharraichidh sinn dòighean air eòlas mun àite-obrach a roinn le luchd-obrach agus òigridh; agus
- bidh sinn ag altram dàimh leis an neach-fastaidh fhad 's a tha sinn an-sàs ann am pròiseasan fèin-mheasaidh na sgoile againn. Cuiridh seo ri Ionnsachadh Proifeiseanta Fad-dreuchd an luchd-obrach.



Stiùireadh agus Taic

Bidh Foghlam Alba ag obair còmhla ri ùghdarrasan ionadail, luchd-fastaidh, pàrantan agus daoine òga gus taic a thoirt do bhuileachadh na h-inbhe. Bidh seo a' gabhail a-steach co-obrachadh air pasgan innealan a dhèanamh agus lorg ghoireasan gus taic a thoirt do sgoiltean agus ùghdarrasan ionadail a bhith a' gabhail os làimh agus a' dearbhadh dhòighean-obrach ùra a thaobh ghreisean-gnìomhachais. Bidh na pasgain innealan a' gabhail a-steach goireasan bho dhiofar àiteachan air feadh na h-Alba agus tha iad gan dealbhadh gus leigeil le sgoiltean agus ùghdarrasan ionadail na tha a dhìth orra a lorg a rèir an co-theacsa fhèin agus an àrainneachd fhèin.

Bithear an dùil gum bi fiosrachadh anns na pasgain innealan air:

- nàdar ghreisean-gnìomhachais agus dè cho fada 's a bhios iad;
- greisean-gnìomhachais aig cridhe ionnsachadh an neach-ionnsachaidh – sgrùdaidhean a thaobh clàr-ama;
- cumail sùil air agus leantainn ghreisean-gnìomhachais, a' gabhail a-steach siostaman fiosrachaidh riaghlaidh;
- planaichean-ionnsachaidh àite-obrach;
- barantachadh agus teisteanas;
- planadh leasachaidh agus leasachadh poileasaidh;
- goireas airson ionnsachadh proifeiseanta – a' faighinn na buannachd as fheàrr à greis-gnìomhachais do luchd-obrach agus òigridh;
- àrachas;
- slàinte agus sàbhailteachd:
<http://www.hse.gov.uk/youngpeople/workexperience/index.htm>;
- dìon cloinne;
- co-ionannachd chothroman, a' gabhail a-steach com-pàirteachadh a thaobh gnè agus ciorram;
- Duais Tasgadh ann an Òigridh; agus
- taic do luchd-fastaidh a' gabhail a-steach leasachadh ghreisean-gnìomhachais stèidhichte air pròiseact.

Thèid fiosrachadh air na pasgain innealan agus dòighean taice eile ùrachadh gu cunbhalach air duilleag-lìn a dh'aon ghnòthach airson Leasachadh Sgioba-obrach Òg na h-Alba air làrach-lìn Foghlam Alba:

www.educationscotland.gov.uk/developingtheyoungworkforce

Eàrr-ràdh: Eachdraidh Ghreisean-gnìomhachais

Achd an Fhoghlaim (Alba) 1980

Tha Achd an Fhoghlaim (Alba) 1980, mar a chaidh atharrachadh, a' libhrigeadh bunait lagha a leigeas le sgoilearan nas òige na aois reachdail fàgail na sgoile pàirt a ghabhail ann an greisean-gnìomhachais bho 1 Cèitean ron bhliadhna reachdail anns am faod an neach òg fhàgail.

Dealas airson Soirbheachadh: Ath-bhreithneachadh air Iomairt ann am Foghlam 2002

Ann an 2002 mhol a' Bhuidheann Ath-bhreithneachaidh, Dealas airson Soirbheachadh, gum faigheadh a h-uile sgoilear thar aois 14 cothrom air ionnsachadh dreuchdail san àite-obrach ceangailte ri teisteanasan buntainneach.

Eòlas-obrach ann an Alba 2008

Ann an 2008, dh'òrdaich Riaghaltas na h-Alba sgrùdadh air eòlas-obrach gus raon agus nàdar nan cothroman a tha air an solarachadh thar raon chomasan agus feuman sgoilearan a stèidheachadh; gus làn thuigse fhaighinn air na rudan sin; gus eisimpleirean de dheagh chleachdadh a chomharrachadh ann an co-theacsa nas fharsainge; agus gus molaidhean a dhèanamh airson modailean ùra agus leasaichte.

Togail a' Churraicealaim 3: Frèam-obrach airson ionnsachadh agus teagasg 2008 (Còirichean do chlann agus òigridh uile)



Tha còir aig clann agus òigridh uile air curraicealam a tha co-chrochach bho 3 gu 18...Tha uallach air an fheadhainn a dhealbas an curraicealam a bhith a' planadh, ann am com-pàirteachas le daoine eile a tha an sàs ann an ionnsachadh... a' togail air ionnsachadh agus coileanadh a thachair roimhe ann an dòigh a fhreagras ri feumalachdan ionnsachaidh gach neach fa leth.



Tha còir aig clann agus òigridh uile air sgilean ionnsachaidh, sgilean beatha agus sgilean obrach a leasachadh...Bu chòir cothroman a bhith aig clann agus òigridh: gus eòlas agus tuigse air an àite-obrach a thogail, na dh'fhaodadh luchd-fastaidh sùileachadh bhuapa agus na dh'fhaodadh iad fhèin sùileachadh bho shaoghal na h-obrach.



Togail a' Churraicealaim 4: sgilean ionnsachaidh, sgilean beatha agus sgilean obrach 2009



Tha an Curraicealam airson Sàr-mhathais a' tabhann sùbailteachd a libhrigeas dòigh-obrach fa leth a thaobh ghreisean-gnìomhachais a tha buntainneach is brìghmhor do dhaoine òga, a' toirt chothroman dhaibh beachdachadh air na sgilean a dh'fheumas iad mus dean iad greis-gnìomhachais, gus sgilean a chleachdadh agus a leasachadh agus gus meòrachadh air an eòlas nuair a tha a' ghreis-gnìomhachais seachad.



Is ann tro obair com-pàirteachais as fheàrr a thèid an Curraicealam airson Sàr-mhathais a libhrigeadh. Bu chòir don h-uile buidheann obair le luchd-compàirt agus tuigse agus briathrachas coitcheann a bhith aca mu leasachadh agus cur an gnìomh sgilean. Còmhla, bu chòir dhaibh ionnsachadh agus eòlasan eile a dhealbhadh agus a libhrigeadh a fhreagras ri feumalachdan gach leanab is neach òg fa leth.



Coimisean Leasachaidh Sgioba-obrach Òg na h-Alba Aithisg Eadar-amail 2013



...feumar an dòigh-obrach a thaobh eòlas-obrach a leasachadh gus eòlas nas beartiche a bhith aig òigridh air an àite-obrach.



Foghlam Ag Obair do na h-Uile!

Aithisg Dheireannach Coimisean Leasachaidh Sgioba-obrach Òg na h-Alba 2014

Moladh 3: Bu chòir inbhe ùr-nodha a stèidheachadh airson brìgh agus càileachd eòlas-obrach, agus bu chòir stiùireadh a sgaoileadh do luchd-fastaidh.

Moladh 33: Bu chòir prìomhachas a chur air comhairle dhreuchdail agus eòlas-obrach do òigridh chiorramach a tha fhathast san sgoil, agus bu chòir a dhealbhadh gus an cuideachadh a' ruigsinn àirde an comais agus cuimseachadh gu gnìomhach air dè as urrainn dhaibh a dhèanamh gus am miann dreuchd a thoirt gu buil.

Moladh 37: ... Bu chòir luchd-fastaidh mòra poblach is prìobhaideach a bhrosnachadh, agus bu chòir cothrom a thoirt dhaibh, gus obair leantail each a libhrigeadh air comhairleachadh, eòlas-obrach agus taic eile a thaobh fastadh do dhaoine òga ann an cùram.

Leasachadh Sgioba-obrach Òg na h-Alba – Ro-innleachd Obrach Òigridh na h-Alba 2014

“

Is e am prìomh bheachd a fhuair sinn bho òigridh air an Aithisg Eadar-amail againn gu feum iad sàr eòlas-obrach fìor leasaichte nuair a tha iad fhathast san sgoil no sa cholaiste.

”

Sir Iain Wood

Neach-cathrach Coimisean Leasachaidh Sgioba-obrach Òg na h-Alba

“

Anns a' chiad dol a-mach, tha seo mu bhith a' dèanamh cinnteach gum faigh an òigridh againn eòlas san fhoghlam aca a tha iomchaidh do shaoghal na h-obrach. Tha e mu dheidhinn a h-uile duine againn a bhith a' cur luach air, agus a' tuigsinn, dè ghabhas tabhann bho mheasgachadh beairteach de dh'ionnsachadh, a' gabhail a-steach foghlam dreuchdail. Tha e mu dheidhinn luchd-fastaidh a' gabhail pàirt ghnìomhach gus cumadh a thoirt do shiostam foghlaim na h-Alba, agus buannachd fhaighinn às, tro chuideachadh le bhith a' cruthachadh an stòras tàlaint a tha a dhìth orra agus a' fastadh luchd-obrach òga. Aig a' cheann thall, tha e mu dheidhinn an luchd-obrach san àm ri teachd, ar daoine òga, a' dèanamh roghainnean fiosraichte agus mòr-mhiannach mu obraichean agus dreuchdan, deiseil gus an àite a ghabhail san t-saoghal mar chom-pàirtichean èifeachdach.

”

Ròsanna Choineagan BPA

Rùnaire Caibineit airson Obair Chothromach, Sgìlean & Trèanadh



Beag-fhaclair de theirmean

Buidhnean DYW Roinneil – buidhnean air an stiùireadh le luchd-fastaidh gus taic agus brosnachadh a thoirt do luchd-fastaidh eile a dhol an sàs ann am foghlam agus barrachd dhaoine òga fhasadh.


PPE (Uidheamachd Dhìonach Phearsanta) – aodach dìonach, clogaidean, dìon-sùilean, no aodach no uidheam eile a chaidh a dhealbhadh gus corp an neach a dhìon bho chunnartan slàinte no sàbhailteachd aig an obair.

Duais Tasgadh ann an Òigridh – frèam-obrach barantachaidh a tha a’ tabhann mholaidhean is stiùireadh do bhuidhnean a thaobh òigridh fhasadh, a chumail agus a leasachadh. <http://www.investorsinyoungpeople.scot/>



Loidhne-tìde

Tha còir aig a h-uile neach òg air eòlas fhaighinn air greisean-gnìomhachais mar phàirt de churraicealam co-chrochach bho 3-18. Tha an loidhne-tìde gu h-ìosal a' sealltainn nan clachan-mìle poileasaidh aig a bheil buaidh dhìreach air eòlas-obrach a lean don inbhe nàiseanta ùir seo a stèidheachadh.



Foghlam Alba

Taigh Denholm

Pàirc Ghnothachais Almondvale

Slighe Almondvale

Baile Dhùn Lèibhe EH54 6GA

F +44 (0)141 282 5000

P-d enquiries@educationscotland.gov.uk

www.educationscotland.gov.uk



Transforming lives through learning
www.educationscotland.gov.uk